

Duilleag luchd-teagaisg – Plana leasain

Sgrìobhadh Leabhair-latha



Ro-ràdh

Tha an leasan seo a' toirt cothrom do chlann ionnsachadh mu bheatha fear glaise-uisge air Canàl a' Ghlinne Mhòir agus leabhar-latha a sgrìobhadh mun bheatha aca fhèin.
Sgeamaichean-obrach QCA KS2 NLS Sgrìobhadh Cunntais

Amasan Ionnsachaidh

Cunntas a sgrìobhadh air do bheatha ann an riochd leabhair-latha a' cleachdadh sgilean puingeachaidh, litreachaidh, sgrìobhadh-làimhe agus taisbeanaidh.

An Curraicealam:

Sasainn - KS2 En3 1c, 2a, 2b,2c, 2d, 2f

Alba - Cànan - Sgrìobhadh pearsanta, Ìre C

A' Chuimrigh - KS2 Beurla: Sgrìobhadh 1.3, 1.5, 2.3

Stòrasan

Duilleagan fiosrachaidh:
Leabhar-latha Fear
Glaise-uisge A agus B.

Prìomh Bhriathrachas

Tasgan-glaise, glas-mara,
sgìobair, iasgair-slait,
post-ceangail.

Gnìomhan Teagaisg

Ro-ràdh Innis don chloinn gu bheil iad dol a dh'ionnsachadh mu bheatha aon de na fir glaise-uisge air Canàl a' Ghlinne Mhòir.

Gnìomhan Thoir dhaibh duilleagan-fiosrachaidh A agus B, leugh trompa agus bruidhinn mun deidhinn còmhla ris a' chloinn.

Innis don chloinn gu bheil iadsan dol a sgrìobhadh cunntas mun beatha fhèin ann an riochd leabhair-latha.

Dè na rudan a bu toil leotha cur ann? (Sgoil, dachaigh, cur-seachadan, clubaichean)
Thoir tìde dhaibh an cunntasan a sgrìobhadh, agus dol thairis orra agus an ath-sgrìobhadh ma tha feum air.

Àm cruinneachaidh Faisg air deireadh an leasain cruinnich na cunntasan. Leugh a-mach cuid aca agus iarr air a' chloinn tomhas cò a sgrìobh iad.

Ìrean

Airson clann nas òige no clann nach eil cho comasach – iarr orra cunntas leabhair-latha a sgrìobhadh airson an latha roimhe agus bheir cuspairean dhaibh air am faodadh iad sgrìobhadh.

Tar-churraicealam

Faodar an leasan seo a cheangal ri obair ann an Daoine agus Àite no ann an Eachdraidh.

Obair leantailach

Iarr air a' chloinn leabhar-latha a chumail airson seachdain agus aithisg a dhèanamh stèidhichte air na notaichean aca.

'S e mise Peadar Ceanadach, fear na glaise-uisge aig a' Chorpaich air Canàl a' Ghlinne Mhòir. Tha a' Chorpaich aig ceann an iar a' chanàil, faisg air a' Ghearastan.

Tha a h-uile latha eadar-dhealaichte dhomh, an urra ris na bhios ann de shoithichean a' dol tron ghlais-uisge, an tide-mhara agus dè na h-obraichean eile a dh'fheumar a dhèanamh. Faodaidh e a bhith fliuch agus fuar gu math tric agus tha Sligheachan-uisge Bhreatainn air èideadh a thoirt dhomh gus mo dhìon bhon aimsir.



Peadar Ceanadach



Glais-uisge faisg air a' Chorpaich

Is e a' chiad rud a nì mi, na glais-uisge a dhèanamh deiseil airson an latha. An uairsin seallaidh mi ri tasganan na glaise agus ris a' bheart-shàbhalaidd airson dèanamh cinnteach nach do rinn duine milleadh oirre feadh na h-oidhche.

Is e 'glas-mara' a th' anns a' ghlais agamsa. Tha sin a' ciallachadh gu bheil fìor-uisge air aon taobh agus sàl a' Chuain Siar air an taobh eile. Tha a' ghlas mu 63m de dh'fhaid, 15m nas fhaide na glais a-staigh air an dùthaich.

Bidh a h-uile seòrsa neach a' cleachdadh a' chanàil: eadar daoine a' seòladh mar chur-seachad, agus sgiobairean bhàtaichean-iasgaich a tha a' toirt am beò-shlàinte bhon mhuir. Feumaidh a h-uile duine a tha ag iarraidh an soitheach aca a sheòladh air a' chanàl teisteanas a cheannach. Nuair a tha iad air am bàta aca a cheangal, bidh mise ag iarraidh air an sgiobair a thighinn a phàigheadh an teisteanais anns an oifis agam aig a' Chorpaich.

Tha sàbhailteachd nan daoine a bhios a' tadhal air a' chanàl (seòladairean, iasgairean-slaite, luchd-coiseachd no dìreach muinntir a' phobail) na phàirt mhòr den obair agam. Bidh mi a' cuimhneachadh do dhaoine cho cudromach 's a tha e fuireach air falbh bhon oir agus bidh mi a' dèanamh cinnteach gu bheil a' heart-sàbhalaidh far am bu chòir dhi a bhith agus ann an deagh òrdugh.

Is toil leam gum bi a' ghlas-uisge a' coimhead snasail agus bidh mi a' peantadh nan dubhan, puist-ceangail agus glasan-uisge uair sa bhliadhna, agus bidh mi a' gearradh an fheòir cuideachd.

Feumaidh mi a h-uile càil a tha seo a dhèanamh eadar a bhith ag obair nan glasan agus feumaidh an tìde a bhith freagarrach cuideachd!



Post-ceangail



Sealladh air
Beinn Nibheis

Tha deagh shiostam conaltraidh agam a leigeas leam bruidhinn ri soithichean a tha a' tighinn a-steach bhon mhuir, no ri luchd-obrach eile, air rèidio no fòn. Tha seo glè chudromach airson gu bheil e a' sàbhaladh tìde nan daoine a tha a' cleachdadh a' chanàil.

Tha mi air leth dòigheil anns an obair agam, ged a tha mi cho trang 's nach urrainn dhomh stad airson fiù cupa tì aig amannan! Tha mi ag obair ann an àite brèagha agus bidh mi a' coinneachadh ri daoine inntinneach. Tha mi air a bhith nam fhear glaise-uisge airson 32 bliadhna agus tha mi an dùil an dreuchd a leigeil dhìom ann an 5 bliadhna eile.

Tha mi a' fuireach ann an taigh fear na glaise-uisge faisg air a' chanàl agus gheibh mi sealladh àlainn air an Linne Sheileach agus Beinn Nibheis. Tha mi an dòchas gu faigh sibh cothrom tadhal air Canàl a' Ghlinne Mhòir gus am faic sibh fhèin cho bòidheach 's a tha e!